

2 An Giblean 2019

A phàrant/neach-cùraim chòir,

San Dùbhlachd 2018, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Acadamaidh Inbhir Pheofharain. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Na càirdeasan deimhinneach agus suimeil thar na sgoile, a tha air a bhith air an altram leis a' cheannard. Tha iad sin a' tabhann àrainn in-ghabhalach agus thaiceil, anns an urrainn do dhaoine òga ionnsachadh agus coileanadh. Tha an luchd-obrach a-nis deiseil airson togail air na càirdeasan sin gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air an sgoil.
- Daoine òga modhail agus giùlanta, le beachdan deimhinneach mun ionnsachadh a tha nan creideas don sgoil agus a coimhearsnachd.
- Daoine òga agus luchd-obrach speisealta airson na Gàidhlig le càirdeasan deimhinneach agus spèis dha chèile. Thar ùine, tha luchd-obrach speisealta airson na Gàidhlig air leasachaidhean ann am Foghlam Gàidhlig a stiùireadh anns a bheil daoine òga a' coileanadh air leth math ann an Teisteanais Nàiseanta airson Gàidhlig agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).
- Tha an sgoil ag obair gu math leis a' choimhearsnachd fharsaing gus raon math de chothroman a thabhann airson daoine òga gus an sgilean agus am buadhan àrdachadh. Tha an sgoil mar bu chòir pròiseil mu bhith mar thè aig a bheil faireachdainn làidir de choimhearsnachd bheòthail.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Cuimseachadh nas dlùithe air leasachadh tuigse cho-roinnte thar na sgoile mu cò ris a tha ionnsachadh, teagasg agus measadh a' coimhead coltach. Bu chòir dhan seo gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air fad, a' gabhail a-steach àrd-stiùirichean agus prìomh thidsearan, soilleir mun dreuchd ann a bhith ag adhartachadh ionnsachadh agus leasachadh dhaoine òga.
- A' cur dhaoine òga agus com-pàirtichean na sgoile nas motha an sàs ann am planadh, libhrigeadh agus luachadh ionnsachaidh thar na sgoile.
- Leantainn air adhart a' leasachadh ro-innleachdan gus coileanadh dhaoine òga àrdachadh thairis air na h-ìrean air fad. Bheir sgrùdadh agus tracadh eagrachail de dh'adhartas agus coileanadh taic do dhaoine òga fios a bhith aca mu dè a tha iad a' dèanamh gu math agus na nithean a dh'fheumas iad a dhèanamh airson a thighinn air adhart.

- Leantainn air adhart a' leasachadh co-ionannachd do dhaoine òga ann am Foghlam Gàidhlig tro bhith a' fighe a-steach tuilleadh leasachaidh ann am planadh ro-innleachdail na sgoile. Bhiodh e na bhuannachd a bhith a' dèanamh barrachd feum de fhrèaman-obrach fèin-luachaidh ro-ullaichte airson na Gàidhlig gus cur ri leasachadh tar-sgoile.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh comharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Acadamaidh Inbhir Pheofharain

Comharran càileachd	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail

Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#), [Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing](#).

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche, ainmichte mar Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: <https://education.gov.scot/inspection-reports/highland/5119138>

Dè thachras a-nis?

Iarraidh sinn air Comhairle na Gàidhealtachd aithisg ullachadh mu adhartas a thaobh nan raointean aontaichte airson an leasachadh taobh a-staigh 12 mìos on thèid an litir seo fhoillseachadh. A rèir dè a bhios san aithisg adhartais, thig sinn gu co-dhùnadh an uair sin am bi feum ann air tuilleadh dol an sàs leis an sgoil. Dh'fhaodadh gum biodh seo a' gabhail a-steach turas sgrùdaidh eile. Sgrìobhaidh sinn thugaibh a-rithist a' toirt mion-fhiosrachadh mu na leasachaidhean a tha an sgoil air a dhèanamh agus a' mineachadh ghnìomhan sam bith eile a tha sinn am beachd a dhèanamh, mar a thèid aontachadh le Comhairle na Gàidhealtachd.

Jacqueline Gallagher
Neach-sgrùdaidh na Banrigh